

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

The Royal National Mòd Opening Ceremony is an occasion that we all look forward to. Na h-Òganaich, Robert Robertson, Ross Wilson and will set the scene for a week that should place our language; music and culture close to the national centre stage for the remainder of October.

Perhaps it is also worth reflecting on an earlier Royal National Mòd that took place in Lochaber in 1981. This Mòd preceded the addition of the title Royal and was certainly staged on a more modest scale. The Official Opening in 1981 was on the Monday morning at 11am. The programme, using the language of the times, says that "Members and friends are cordially invited to attend". No morning competitions on the first Monday of the Mòd in 1981, presumably to allow competitors to travel in the morning, with competitions staged late into the evening – some starting at 8.45pm (one competition starting at 8.45 pm being for girls under 10 whilst another starting at the same time was for boys 13 -16). Children were made of stern stuff back in 1981!

Competitions on Saturday consisted of five Fiddle Competitions and three Piping competitions. That was the extent of the instrumental day at the Mòd in 1981. The Accordion and Piano competitions appear in the timetable on the final Friday. Clàrsach Competitions were squeezed into the Thursday afternoon. Nine male voice Choirs appeared at this Mòd. Times have certainly changed! Advertisements for Highland Omnibuses and Gairm appear on page 2 whilst a relative newcomer advertises on page 20 of the programme: Acair. Whilst we remember Gairm with fondness, we congratulate Acair on reaching a 40th birthday! Acair has contributed significantly over 40 years.

The Adjudicators for the Literature day included: Mr Fionnlagh I. MacDhòmhnaill; Dr. Iain MacAonghais and Mr Maoileas Caimbeul whilst a Temple Record advertisement features a young Christine Primrose. Apart from the cover photograph, the rest of the programme is in black and white. Those named are but a sample of the many who were present and who have contributed so generously over the years. Certain aspects of the 1981 format seem attractive at this stage of preparation for the 2017 Royal National Mòd. The 260 page programme that appeared in 2016 is certainly more colourful than the 116 page programme produced in 1981. However, differences in scale come at a cost – both financial and manpower. Whether the change in scale can be maintained in the future is debateable and perhaps we need to try to do less, better.

The Torchlight procession and the Massed Choirs that now buttress the Mòd had not been thought of in 1981. We hope that 40 years hence other initiatives will have appeared but that the warmth; friendship and values still prevail. I hope you all enjoy this year's Royal National Mòd.

John Morrison, Chief Executive

Bidh sinn uile a' coimhead air adhart ri Fosgladh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. Bidh Na h-Òganaich Robert Robertson agus Ross Wilson a' toirt thugainn seinn agus ceòl air leth air oidhche an Fhosglaidh mar toiseach tòiseachaidh air seachdann a chuireas ar cànan, ceòl agus cultar air an àrd-ùrlar gu naiseanta thairis air mòs an Dàmhair.

Bhiodh e iomchaidh coimhead air ais air am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chaidh a chumail 'sa Ghearsadan ann an 1981. Bha seo mus deach an tiotal 'Rìoghail' a chur ris a' Mhòd. 'B ann aig 11m air madainn Diluain a chaidh an Fhosgladh a chumail. Cha robh farpaisean sam bith ann air madainn Diluain ann an 1981, cinnteach gus cothrom a thoirt do dhaoine siubhail chun a' Mhòid aig an àm seo 's dòcha. Chaidh farpaisean a chumail air an oidhche cuideachd (thòisich aon sharpais airson caileagan fo aois 10 aig 8.45f agus fear eile do bhalaich aois 13-16). Smaoinich!

Cha robh uidhir de dh' fhpaisean ionnsramaid ann Disathairne, dìreach còig farpaisean fidheall agus trì farpaisean piobaireachd. Bha farpaisean Bogsa agus Piana air a' chlàr airson an Dihaoine mu dheireadh den Mhòid agus chaidh farpaisean clàrsach uile a chumail feasgair Diardaoin. Ghabh naoi Còisirean Fir pàirt anns a' Mhòd air a bhliadhna seo—tha cùisean air atharrachadh gu mòr. Nochd sanasan airson 'Highland Omnibuses'agus 'Gáirm' air an dàrna dhuilleag den phrògram agus air dhuilleag 20, sanas airson buidheann a bha rudeigin ùr: Acair. Ged a tha sinn a' cuimhneachadh Gairm le meas, tha sinn a' cur meal an naidheachd air Acair airson a bhith a' comharrachadh an 40mh bliadhna aca ann an 2017. Tha Acair air sàr obair a dheànamh thairis air na 40 bliadhna a chaidh seachad.

Bha Mgr Fionnlagh I. MacDhòmhnaill, an Dr Iain MacAonghais agus Mgr Maoileas Caimbeul nam britheamhan airson farpaisean Litreachais. Bha sanas ann bho 'Temple Records' le dealbh Chairistiona Primrose. A bharrachd air a' chiad duilleag, tha an còrr den phrògram ann an dubh is geal. Chan eil an seo ach eisimplearan de fheadhainn a bha an làthair agus a tha air obair mhòr a dhèanamh airson a' chànan thairis air na bliadhnaichean. Tha mòran air atharrachadh anns na bliadhnaichean seo. Bha prògram Mòd 2016 tòrr nas tarraigiche na prògram Mòd 1981. Tha buaidh aig atharrachaidhean sam bith a thèid a dhèanamh—a thaobh cosgaisean agus a thaobh an àireamh de dhaoine a tha na lùib. Chan eil fios dè thachras san àm ri teachd, 's dòcha gu feum sinn nas lugh a dhèanamh, ach nas fheàrr.

Cha robh guth air Caismeachd Lòchrannach no Caismeachd nan Còisir ann an 1981. Tha sinn an dòchas, ged a tha rudan ùr air nochdadh thairis air na bliadhnaichean aig a' Mhòd, gu bheil am blàths is an càirdeas a bh' ann bho thus fhathast na phailteas. Tha mi an dòchas gun còrd Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ribh uile.

Iain Moireasdan, Àrd Oifigear



Am Mòd Nàiseanta Rioghail 2017

Loch Abar



amòd



Priomh Bhuidhnean Cuideachaidh



Caledonian MacBrayne
Muileann-stug na eilean le Chiosaidh



Royal Bank
of Scotland



Royal Mail



EventScotland

Visit Scotland | Alba



www.ancomunn.co.uk

Aìreamhan Farpaiseach Gun Samhail Airson

Mòd Nàiseanta Rìoghail 2017

Tillidh Am Mòd Nàiseanta Rìoghail gu Loch Abar an ath mhìos (Dihaoine 13 Dàmhair – Disathairne 21 Dàmhair) airson bliadhna don Fhèis a tha coltach a bhios gun samhail, agus àireamhan farpaiseach an dùil a bhith nas àirde na 3,600 – an àireamh as àirde ann an deich bliadhna.

Thèid an tachartas naoi-latha de cheòl, ealain agus spòrs Gàidhlig a chumail anns a' Ghearsdan airson a'chìad uair ann an deich bliadhna agus, am-bliadhna, bheirear aoigheachd do riochdairean bho bhailtean beag is mòr nach fhac am Mòd fad ghinealaichean.

An-uiridh thug am Mòd a-steach £2.5m airson na sgìre aoigheachd, na h-Eileanan an Iar, agus tha luchd-eagrachaidh misneachail gum bi an aon sheòrsa buaidh ri fhaicinn ann an Loch Abar, a tha ainmeil airson coimhhearsnachd bhlàth agus aoigheil.

Tòisichidh an Fhèis Chultarail Ghàidhlig as mothà ann an Alba air Dihaoine 13 Dàmhair le caismeachd lòchranach, anns am bi na ceudan de dhaoine a' coiseachd ann an soilleireachd nan lòchrain tro shràidean a' Ghearsdain.

Thig a' chaismeachd gu crìch aig Ionad Nibheis far an tèid an tachartas fosglaidh air adhart agus air an àrd-ùrlar bidh Raibeart MacDhonnchaidh a choisinn am Bonn Òir, Ross MacUilleam agus buidheann ciùil dùthchail Na h-Òganaich anns a bheil buannaiche Bonn Òir, a' cur fèis na bliadhna seo air bhog.

Is e An Comunn Gàidhealach a tha a' cur Am Mòd Nàiseanta Rìoghail air adhart, agus tha Am Mòd mar an fhèis as cudromaiche don Ghàidhlig ann an Alba. Chithear na míltean de dh'fharpaisich à Alba agus bho air feadh an t-saoghal, eadhon buidheann de dh'fharpaisich Ameireaganach am-bliadhna, a' gabhail pàirt no an làthair aig còrr air 200 farpais a' toirt a-steach dannsa Gàidhealach, spòrs, litreachas agus dràma, a bharrachd air ceòl is òrain Ghàidhlig.

Taobh ri taobh ris na farpaisean, bidh Iomall a' Mhòid le prògram beòthail le lànachd de cheòl traidseanta, leabhraichean gan cuir air bhog, mòran chuirmean agus cruthan ealain de gach seòrsa fad na seachdain. Gheibhear prògram iomaill na Fèise anns a'chuairlitir seo, air làrach-lìn a' Chomuinn www.ancomunn.co.uk agus air na meadhanan sòisealta agus thèid a chuaireachadh tro Thùm an Òbain a bharrachd air a bhith ann an taighean-seinnse, taighean-òsta agus àiteachan eile air feadh Loch Abar.

Thuirt Iain Moireasdan, Àrd-oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich; "Tha sinn air ar dòigh a' tilleadh don Ghearsdan airson a' chìad uair ann an deich bliadhna agus tha e air leth misneachail a bhith a' déanamh sin le àireamhan farpaiseach gun samhail. Tha bliadhna gu math trang air a bhith againn a' tighinn nas dlùithe air an fhèis, eadar a bhith a' ruith Chlasaichean Ciùil a' Mhòid a tha cho tarraingeach, a' brosnachadh na cloinne gus pàirt a ghabhail ann, agus Acadamaidh a' Mhòid a tha a' toirt luchd-teagaig le Gàidhlig gu 14 sgoil air feadh na h-Alba – agus mar sin tha e math a bhith faicinn àireamhan mòra mar thoradh air an sin. Tha sinn toiliche gu bheil luchd-ciùil ainmeil bhon sgìre againn le Raibeart MacDhonnchaidh, Ross MacUilleam agus Na h-Òganaich mar phairt den tachartas fosglaidh am-bliadhna, agus bi seo na

fhòr thòiseachadh math do Mhòd Nàiseanta Rìoghail 2017."

Thuirt an Comhairliche Gàidhealach, Alister MacPhionghuin, Cathraiche Comataidh nan Goireasan Corporra: "Tha sinn air leth toilichte gu bheil Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tilleadh gu Loch Abar, sgìre den Ghàidhealtachd far a bheil a' Ghàidhlig agus a cultar fhathast na pàirt den choimhearsnachd. Tha sinn toilichte a bhith toirt taic don Mhòd Nàiseanta Rìoghail oir tha an tachartas seo a' cur gu mòr ri coimhearsnachd na Gàidhlig. Bidh e math fàilte a chuir air luchd-turais don Ghàidhealtachd, nam measg feadhainn bho thall thairis, a gheibh tlachd bhon chàirdeas a bhios ann, an raon farsaing de dh'fharpaisean seinn agus ciùil, na h-iomadh cèilidhean, òraidean agus diofar thachartasan a tha mar phàirt de phrògram inntinneach an iomaill. Tha am Mòd a' cur a' Ghàidhlig air àrd-ùrlairean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, leis gu bheil e a' toirt seachad cothrom a' chuid as fheàrr de ar cànan, cultar a thaisbeanadh, anns na sgìrean far a bheil sinn beò, ag ionnsachadh agus ag obair.

"Tha mi cinnteach gun toir am Mòd buaidh adhartach air an sgìre agus tha sgrùdaidhean oifigeil a' dearbhadh gu bheil e a' cur gu mòr ri eaconamaidh na sgìre anns am bidh an tachartas. Bu math leam an cothrom seo a ghabhail airson taing a thoirt do Chomataidh Ionadail a' Mhòid ann an Loch Abar airson an cuid saothair, gu sònraichte co-cheangailte ri togail airgid, agus tha mi a' guidhe gach soirbheachas do Mhòd Loch Abar. Le direach mìos ri dhol, cumaibh ag ullachadh agus gach soirbheachas don h-uile farpaiseach bhon Ghàidhealtachd."

Thuirt Pòl Bush OBE, Stiùiriche Thachartasan VisitScotland: "Tha dualchas Gàidhlig na h-Alba mar phàirt mhòr de ar dearbh-aithne nàiseanta. Tha sinn toilichte a bhith toirt taic don Mhòd Nàiseanta Rìoghail airson seo a chomharrachadh, gu sònraichte tro Bhliadhna Eachdraidh, Dualchas is Àrsaidheachd na h-Alba. Arithist, tha prògram làn de cheòl, Dhansa Gàidhealach, dhràma agus barrachd, aig an luchd-eagrachaidh don choimhearsnachd Ghàidhlig às gach cuid Alba agus thall thairis, a bheir tlachd dhaibh.

Gu dearbh tha Alba na fhòr àrd-ùrlar math airson tachartasan cultarail agus tha sinn a' coimhead air adhart ris an fhèis ainmeil eadar-nàiseanta seo ann an ceann mìos."

Thuirt Stiùiriche Coimhearsnachd agus Ceangal Luchd-ùidhe aig CalMac, Brian Fulton: "Tha Am Mòd Nàiseanta Rìoghail na fhòr thachartas mòr ann am mìosachan CalMac agus tha sinn gu mòr a' coimhead air adhart ri bhith tighinn don Ghearsdan, le cinnt gum bi sin an-còmhnaidh na thachartas tlachdmhor as fhiach a chumail air chuimhne."



Record Number of Entries for Royal National Mòd 2017

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail (The Royal National Mòd) will return to Lochaber next month (Friday 13 October – Saturday 21 October) for what's set to be a record-breaking year for the festival, with participant numbers expected to exceed 3,600 - the highest in a decade.

The nine-day spectacular of Gaelic music, arts and sport will take place in Fort William for the first time in ten years and, this year, will welcome representatives from towns and cities that the Mòd hasn't seen in generations.

Last year's event generated £2.5m for host location, the Western Isles, and organisers are confident they'll see a similar impact in Lochaber, renowned for its warm and welcoming community. Scotland's biggest Gaelic Cultural Festival will kick off on Friday 13th October with a torchlight procession, which will see hundreds of people weave through the streets of Fort William in breathtaking scenes.

The procession will conclude at the Nevis Centre where a blistering opening ceremony will take place - with very special performances by former Gold Medalist Robert Robertson, Ross Wilson and Gaelic folk group, including a former Mòd gold medalist, Na h-Òganaich officially kicking off this year's festival.

Organised by An Comunn Gàidhealach, the Mòd is the most important festival of the Gaelic language in Scotland. It sees thousands of competitors from Scotland and across the world, including a delegation of American competitors this year, take part in or watch over 200 competitions in highland dancing, sport, literature and drama, as well as Gaelic music and song.

Alongside the main competitions, The Mòd Fringe returns with a bustling programme filled with traditional music, book launches, concerts and art forms of every description, throughout the festival week. The Fringe festival programme, has now been launched and can be found later in this newsletter, on An Comunn Gàidhealach's website www.ancomunn.co.uk and social media and will be distributed via The Oban Times as well as in various pubs, hotels and other venues local to Lochaber.

John Morrison, Chief Executive of An Comunn Gàidhealach, said; "We're excited to be returning to Fort William for the first time in ten years and to do so with a record number of participants is just terrific. We've had a very busy year in the run up to the festival, from running our hugely popular Mòd Roadshow which encourages children to take part, to our Mòd Academy bringing dedicated Gaelic tutors to 14 schools throughout Scotland – so it's great to see the number of entries reflect this. We're thrilled to have local celebrities Robert Robertson, Ross Wilson and Na h-Òganaich as part of this year's opening ceremony, kicking off what is going to be an incredible Royal National Mòd 2017."

Highland Councillor, Alister Mackinnon, Chair of the Corporate Resources Committee said: "We are delighted that the Royal National Mòd is returning to Lochaber, an area in Highland where Gaelic and its associated culture remains part of the community. We are also pleased to be supporting The Royal National Mòd as the event has a great deal to offer the Gaelic community. It will be

a pleasure to welcome all the visitors to the Highlands, including those from overseas, who should enjoy the convivial atmosphere, the great range of singing and musical competitions, the many informal ceilidhs, lectures and the various events on offer as part of the exciting fringe programme. The Mòd puts Gaelic on local, national and international platforms, as it provides the opportunity to showcase the best of our language, culture, in the areas where we live, learn, and work.

"I believe that the Mòd will have a positive impact in the area and official studies show that it contributes hugely to the economy of the area where it is hosted. I would like to take this opportunity to thank Mòd Loch Abar Local Committee for their hard work, especially in relation to fund raising, and I wish Mòd Loch Abar every success. With only one month to go, keep practicing, and good luck to all the Highland competitors."

Paul Bush OBE, VisitScotland's Director of Events, said: "Scotland's unique Gaelic heritage is a wonderful part of our national identity. We are delighted to be supporting the Royal National Mod to celebrate this, especially during Scotland's Year of History, Heritage and Archaeology. Once again the organisers have a jam-packed programme of music, highland dancing, drama plus much more, for the Gaelic-speaking community from both Scotland and further afield to enjoy."

"Scotland truly is the perfect stage for cultural events and we look forward to the return of this internationally renowned festival one month from now."

Brian Fulton, CalMac's Director of Community and Stakeholder Engagement said: "The Royal National Mod is a highpoint in the CalMac calendar and we are greatly looking forward to coming to Fort William, for what is always an enjoyable and memorable event."





Am Mòd Nàiseanta Rìoghail

Loch Abar 13-21 den Dàmhair 2017



Prògram a' Mhòid

Bidh prògram oifigeil a' Mhòid ri cheannachd bho na h-oifisean againn ann an Inbhir Nis agus Steòrnabhagh, Bùth a' Mhòid anns a' Ghearsdan agus bho Ionad Nibheis sa' Ghearsdan.

Gheibhear cuideachd an ceannachd tron làrach-lìn againn [an seo](#).
Faodaidh sibh an òrdachadh agus curridh sinn thugaibh iad 'sa phost no faodar an togail bhon Ionad Fiosrachaidh thairis air seachdain a' Mhòid.

Mod Programmes and Tickets

The official Mod programme will be available from our offices in Inverness and Stornoway, from the Mod shop and from the Nevis Centre in Fort William.

You can also order a copy via our [online store](#). We can post them to you or you can collect it from the Information desk during Mod week.

Ticeadan a' Mhòid

Tha ticeadan a' Mhòid rin ceannachd bho na h-oifisean againn no tron [làrach-lìn](#).

Thèid an cuir thugaibh sa' phost no faodar an togail thairis air seachdain a' Mhòid aig an Ionad Fiosrachaidh.

Cuiribh fòn air 01463 709 705 no 01851 70 3487.

Mod Tickets

You can now buy Mod tickets from one of our offices or by visiting our [online store](#).

Tickets can be posted or collected from the Mod Information Desk during Mod week.

Telephone 01463 709 705 or 01851 703 487.

Ionad Fiosrachaidh & Oifis a' Mhòid

Thairis air seachdain a' Mhòid, bidh an Ionad Fiosrachaidh agus an Oifis stèidhichte mar a leanas:

Àrd-sgoil Loch Abar — Disathairne, Diluain & Dimàirt
Ionad Nibheis — Diciadain, Diardaoin & Dihaoine

Mod Information Desk & Office

During Mòd week our Information Desk and Office will be situated as follows:

Lochaber High School — Saturday, Monday & Tuesday
Nevis Centre — Wednesday, Thursday & Friday

Taisbeanadh a' Mhòid

Gach bliadhna, bidh Taisbeanadh Gàidhlig againn aig a' Mhòd a bhios a' ruith fad na seachdaine. Bidh measgachadh de bhuidhnean Gàidhlig agus ionadail ann le fiosrachadh mu dheidhinn na seirbhisean a tha iad a' tabhann. Bidh leabhrachaean Gàidhlig, CDs agus measgachadh de rudan ann rin ceannachd.

Airson àite a chur air dòigh no airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh post-dealain gu:

seonag@ancomunn.co.uk

01463 709 705

Gaelic Showcase

Each year we have a Gaelic Showcase which runs for the duration of the Mod, which features a wide selection of Gaelic and local exhibitors with lots of information about their products & services. There will be books, CDs and various other items for sale.

If you are interested in booking a stand at the Gaelic Showcase or for any further information please contact:

seonag@ancomunn.co.uk

01463 709 705

Measadh Gàidhlig

Ma tha sibh airson measadh Gàidhlig a dhèanamh cuiribh fios gu Seonag Anderson:
 Seonag Anderson:
seonag@ancomunn.co.uk
 no cuiribh fòn gu 01463 709705

Gaelic Testing

To book a Gaelic Test please contact
 Seonag Anderson:
seonag@ancomunn.co.uk
 or telephone 01463 709 705

Bileagan Breithneachaidh

Gheibhear bileagan breithneachaidh airson gach farpais aig:
Àrd-sgoil Loch Abar—Disathairne, Diluain & Dimàirt
Ionad Nibheis—Diciadain, Diardaoin & Dihaoine

Nota: Bu chòir farpaisich feitheamh **co-dhiù** 2 uair a-thìde às dèidh crioch farpais mus tog iad bileagan breithneachaidh.

Mòd 2018 Music

Adjudication sheets will be available for collection at:
Lochaber High School—Saturday, Monday & Tuesday
Nevis Centre—Wednesday, Thursday & Friday

Pìosan Ainmichte Mòd 2018

Gheibhear Leabhran nam Pìosan Ainmichte airson Mòd 2018 aig
 Ionad Fiosrachaidd a' Mhòid air na làithean seo:
 Disathairne, Diluain & Dimàirt—Àrd-sgoil Loch Abar
 Diciadain, Diardaoin & Dihaoine—Ionad Nibheis

Mòd 2018 Music

Prescribed Pieces for Mòd 2018 will be available at the Mod Information Desk on the following days:
 Saturday, Monday & Tuesday—Lochaber High School
 Wednesday, Thursday & Friday—Nevis Centre

Dàil air Farpaiseach

Ma thachras gum bi dàil air farpaiseach a bhith a' faighinn gu farpais sam bith aig an àm ionchaidh, **feumaidh** e/i fios a chur chun oifis / Àrd-stiùbhard no aon den luchd-taic aige / aice ann an àite na farpais gus am faighear fios mun dàil gu Cathraiche na farpais.

Delayed Competitors

Competitors delayed with regard to their appearance at another venue must inform the Chief Steward or one of his/her staff in order that all information can be relayed to the competition chairperson at the appropriate venue.

Dealbhan agus Tòraidhean

Thèid dealbhan agus tòraidhean bho na farpaisean a chur air an làrach-lìn agus air na meadhanan sòisealta againn gach latha.

Cumaibh sùil air www.ancomunn.co.uk

Mod Results and Photos

All results and photos from this year's competitions will be updated daily onto our website and social media.

Keep an eye on www.ancomunn.co.uk

Cumaibh suas leis a h-uile càil a bhios a' dol air adhart aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2017

Keep up to date with Royal National Mod 2017

www.ancomunn.co.uk



LOCH ABAR 2017 | PRÒGRAM IOMALL A' MHÒID | FRINGE PROGRAMME



PRÒGRAM IOMALL A' MHÒID 2017 MÒD FRINGE PROGRAMME 2017



Bruthaibh an seo airson Program lomall a' Mhòid 2017

Click [here](#) to view thie Mod Fringe Programme 2017



Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Atharrachaidhean | Amendments

Bithibh mothachail gu bheil sinn air atharrachaidhean a dhèanamh ris na farpaisean a leanas airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2017.

Please be aware of amendments to the following competitions for this year's Royal National Mod.

Clàr-eagar Òigridh / Junior Syllabus

C144	Duet	13-18 years Open	One Song. Own Choice
C21	Storytelling	5-8 years Open	Tell a story of own choice. Maximum time is 4 mins.
C150	Recitation	16-18 years Open	Recitation of a piece of poetry. Own Choice. No actions.
C176	Fiddle Groups	U19 years	Play a minimym of 3 tunes in different tempos in traditional Highland Style. Performance not to exceed 5 mins.
C85	Chanter	U13 years	Play a March. Own Choice. 2 parts only. Entrants in this competition cannot enter C86.
C85A	Chanter		Play a Gaelic Air. Own Choice. 2 parts only.
C86	Bagpipes	U13years (Novice)	Play a March. Own Choice. Confined to those who have not on 1st prize in a Novice Competition prior to 15/10/2017. Entrants in this competitoron cannot enter C85
C130	Bagpipes	16-18 years	Play a March, Strathspey and Reel. Own Choice. Minimum 4 parts each
C131	Bagpipes	16-18 years	Play a Jig, Own Choice. Minimum 4 parts

Clàr-eagair Inbhich / Senior Syllabus

A220	Solo Singing (Ladies)	Singing of one song of competitor's choice. James Grant Memorial Prize
A2221	Solo Singing (Men)	Singing of one song of competitor's choice
A273	Precenting a Psalm	Precent, in the traditional manner, two verses of an own choice psalm to a tune chosen from the Scottish Psalmody. "Congregational" support will be provided by the competitor's own choir or group. Group must consist of at least 6 persons. Previous winners may enter.
A277	Cèilidh Group	One Gaelic song with instrumental accompaniment and one cèilidh set. Competitor's choice
B372	Gaelic Waltz Set	Play a Gaelic Waltz set, own choice. Open to Accordion or fiddle (with piano accompaniment if desired). Minimum of 3 waltzes. 4 minutes maximum.

.

*** ATHARRACHAIDHEAN ÙR / NEW CHANGES ***

C110 Gur moch rinn mi dùsgadh

The first two notes should be a dotted semi quaver followed by a demi-semi-quaver

C78 Fhuair mi nead na gurra-gùig

Bar 27 first three notes should C B A (do, ti, la) instead of C A B (do, la, ti)

Chìtheart atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhiostach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A300 (Sine Chaluim Bhàin)

Bar 21, Soprano 2 – solfa should be **la la so so so**. Staff is correct.

A304 (Ho-rò chan eil cadal orm)

Bar 62, soprano 2 & altos – **an sporan** should be **a sporan** as it is in Soprano 1.

A306 (Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh/Cha tèid mise Mhùgarradh/'S ann a' dol a Ghrùlainn)

Bar 5 & 6, Tenor – words as the Alto line

Bar 15 & 16, Bass – words are **Ah_____**

Bar 50, Tenor – should be the same as Bar 46 soprano part (B D D G G G A G – la do do fa fa fa so fa)

A308 (Poca sìl an t-sealgair/Nuair a bha mi'n cùl a' Bhealaich)

Bar 61, Alto part, first note should be a **low D (so)**

Bar 84 & 88, Tenor part, 7th note should be a **high D (so)**

Arranged by **Padruig Mooney**, not Seumas McAdam

C50

Prescribed Piece "An Ròs" is given on Mòd CD. However, this competition is own choice and appears as own choice in the syllabus. Competitors can recite "An Ròs" if they wish.

C71 (Balachan beag a' chuailein bhàin)

Bar 16 Verse 1 **sònraichte** changes to **sònraicht'**

C111 (Mo ghruagach dhonn)

Bar 36 **sgriobhadh** changes to **treabhadh**

C112 (Bàt' an Tàilleir/Rachainn a shuirghe air Oighrig/Buachaille dubh Fionnagal)

Bar 10 add **air** to the final note in the bar (E, la)

A234—Tha sinn air an òran ainmichte airson an fharpais seo atharrachadh.

'S e 'Maighdean Loch nan Eala' a th' ann an àite 'Eilean Cholla'.

Cuiribh fios gu mairi@ancomunn.co.uk airson leth-bhreac den òran ùr fhaighinn.

A234 – Please note that we have changed the prescribed song for this competition.

It is now 'Maighdean Loch nan Eala' instead of 'Eilean Cholla'.

Please contact mairi@ancomunn.co.uk for a copy of this new song.



Bùth a' Mhòid

Chaidh Bùth a' Mhòid fhosgladh bho chionn ghoirid sa Ghearsadan le Criosaidh NicEachainn, sàr sheinneadair is stiùiriche còisir na Gàidhlig.

Feuch gun tadhail sibh a-steach ann—tha mòran ri cheannachd agus bidh fàilte chridheil oirbh uile!

The Mod Shop

The Mod Shop opened recently in Fort William by renowned Gaelic singer and choir leader Chrissie MacEachan.

Be sure to pop in—there are many bargains to be had and a warm welcome will await you!

Thèid am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail air 13-21 an Dàmhair sa' Ghearsadan.

Ma tha àuidh agaibh ann a bhith nur stiùbhard, cuiribh fios gu:
lochabar2017@gmail.com

Bhiodh e na chuideachadh mòr nam b'urrainn dhuibh am fios seo a' sgaoileadh fad is farsaing!

The Royal National Mòd will run from Friday 13th of October to Saturday 21st of October in Fort William.

If you are interested in stewarding please contact us at:
lochabar2017@gmail.com.

We would be very grateful if you could share this information far & wide!

Seirbheis Bidhe aig a' Mhòid

Thèid seirbheis bidhe a thoirt seachad ann an Àrd-sgoil Loch Abar thairis air seachdain a' Mhòid, do farpaisich, luchd-tadhail a' Mhòid agus buidhnean mòr a bhios a' lorg biadh.

Bidh seo ri fhaighinn ann an seòmar-bìdhe Àrd-sgoil Loch Abar, far am bidh biadh, teatha, cofaidh agus bèicearachd ri fhaighinn air Disathairne 14mh, Diluain 16mh—Diardaoin 20mh Dàmhair.

Ma tha Còisir sam bith airson àite a chur air dòigh ro-làimh, bu chòir dhaibh fios a chur gu Caomhainn Friseal:

Post-d: Kevin.Fraser@highland.gov.uk
fòn: 01397 709044 no 07769880364

Catering at the Mod

A catering service will be provided at Mòd Loch Abar, 2017 for competitors, spectators or any large groups requiring meals or snacks.

The dining hall in Lochaber High School will be offering meals, hot food, snacks, teas/coffees and home baking on Saturday 14th & Monday 16th-Thursday 20th October.

If your choir or group wish to pre-arrange any catering or meals for large groups for specific times during Mod week, you may do this by contacting Kevin Fraser:

E-mail: Kevin.Fraser@highland.gov.uk
tel: 01397 709044 or 07769880364

Còisirean a' sireadh lòn? / Choir's looking for lunch?

Tha Taigh-òsta Moorings a' tabhach lòn aig prìs sònraichte aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.
The Moorings Hotel would like to offer all Choirs and musicians attending this year's Royal National Mod a lunch special.

Bidh ceapairean, brot, teatha agus cofaidh ri fhaighinn do bhuidhnean mòr eadar 12f agus 5f gach latha.
We can provide an assortment of sandwiches and homemade soup served with tea and coffee to large groups from 12 noon until 5pm every day.

Bidh lòn agus deoch teth ri fhaighinn airson £7 gach neach agus bidh bèicearachd ri cheannach cuideachd.

Lunch and a hot drink is available for just £7.00 per person, with the option to purchase home baking or freshly made scones with Cream & Jam from our Canalside Café.

Feumar àite a chur air dòigh ro-làimh / Bookings are essential, please contact our reservations team on 01397 772 797.




Venue	Address	Contact Info
Fort William Town Centre		
Masonic Hall	High Street Fort William PH33 6DH	Bill Briton 01397 703530
Studio 2 Buzz Project	High Street Fort William PH33	Office Number 01397 705428 info@thebuzzproject.org
West End Hotel (Small Function Room)	High Street Fort William PH33 6ED	Reception Desk 01397 702614 welcolme@westend-hotel.co.uk
Alexandra Hotel (Meeting Rooms)	The Parade High Street Fort William PH33 6AZ	Reception Desk 01397 702241 salesalexandra@strathmorehotels.com
St Andrews Church Hall	High Street Fort William PH33 6AS	Elaine Guinness 01397 702979 (Due to availability of church members to open venues it is unlikely that this venue would be available)
Duncansburgh Church Small Hall	The Parade High Street Fort William PH33 6BA	Sheana Fraser 01397 704062 sheana.fraser@gmail.com Rev Richard Baxter 01397 702297 (Only available Mon/Tues/Wed)
North Road/Camaghael		
Ben Nevis Hotel	North Road Fort William PH33 6TG	Reception Desk 01397 702331 salesbennevis@strathmorehotels.com
Lochaber High School	Camaghael Fort William PH33 7ND	Jim Sutherland (Head Teacher) 01397 702512 (venue already booked by ACG for week but would only be available for practice on Wed/Thur)
Caol/Lochyside		
Caol Community Centre	Glenkingie Street Caol Fort William PH33 7DS	Linda Campbell 01397 700800 linda@bosslochaber.co.uk (would be available for practice on Wed/Thur/Fri)

MOD LOCH ABAR 2017**PRACTICE VENUE LIST/SHUTTLE BUS**

Kilmallie Free Church	Glenpane Street Caol Fort William PH33 7AU	www.kilmalliefreechurch.org 01397 704434 office@kilmallie.freechurch.org
Corpach		
Kilmallie Hall	Station Road Corpach Fort William PH33 7JH	Jimmy Milne 01397 600111 info@kilmalliecommunitycentre.co.uk
Shuttle Buses		
There will be a regular shuttle bus service between competition venues, details of the route and timetable will follow shortly		
Any choirs with requirement for shuttle service out with the above parameters are requested to contact akarana@outlook.com with their requirements. Each request will be considered upon its own merits. Groups are requested to be fair and reasonable in their requests and expectations from this additional service.		

FORT WILLIAM TOWN CENTRE CAR PARKS



- 1** West End Car Park - Long Stay
- 2** Viewforth Car Park - Short Stay
- 3** Middle Street Car Park - Short Stay
- 4** St Andrews Church
- 5** Duncansburgh MacIntosh Church
- 6** Belford Road Car Park - Long Stay
- 7** An Aird Nr1 Car Park - Long Stay (Buses/Lorries/Cars)
- 8** An Aird Nr2 Car Park - Long Stay
- 9** Nevis Centre

LONG STAY CAR PARK CHARGES

£2.00 per day
Monday to Sunday inclusive.

SHORT STAY CAR PARK CHARGES

Up to 30 mins.....£0.20
Up to 1 Hour.....£0.50
Up to 2 Hours.....£1.00
Up to 4 Hours.....£2.50

Charges apply 8am to 6pm
Monday to Sunday inclusive

The above is for guidance only, always refer to printed information/instruction at car park location

Please Note:

Limited free car parking is available at most venues on a first come basis, once full cars will be directed to the nearest available public car park.



LOCH ABAR 2017

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, Loch Abar
13 - 21 Dàmhair 2017

Thèid a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, prìomh thachartas saoghal na Gàidhlig, a chumail eadar 12 Dàmhair agus 21 Dàmhair 2017 agus tha sinn a' sireadh luchd-taic gus dèanamh cinnteach gun tèid an tachartas air adhart gu h-èifeachdach.

Tha an tachartas seo a' comharrachadh cànan is cultar na Gàidhlig agus tha rudeigin ann airson a h-uile duine, sean no òg. Bhiodh sinn air leth toilichte nan robh sibh airson taic a thoirt dhuinn airson leth latha, latha no fiù's barrachd. Tha sinn cinnteach gun còrd e ruibh!

Cuiribh fios gu: mod2017stewards@btinternet.com no fòn 07795682541 airson tuilleadh fiosrachaidh.





LOCH ABAR 2017

Royal National Mòd, Lochaber 13 - 21 October 2017

The Royal National Mòd, Scotland's largest Gaelic Arts Festival, is taking place from 13th October - 21st October 2017 & we are looking for volunteers to ensure that the event runs smoothly and efficiently. The event celebrates Gaelic language and culture and is fun, family friendly & offers something for everyone involved.

We would be delighted if you wished to volunteer for this event, whether it be for a half day, full day or even more. We are sure you will enjoy your time!

If you are interested or for more information please e-mail: mod2017stewards@btinternet.com or phone 07795682541.



Caol Regeneration Company Limited

SC036941



In Caol Community Centre, Caol, Fort William

Saturday 14th October—Snack Bar

Monday 16th October—Snack Bar

Evening Meal for School Choirs available

Tuesday 17th October—Snack Bar

Evening Meal for School Choirs available

Wednesday 18th October—

Soup and Sandwich Lunch & Evening Meal available

Thursday 19th October

Soup and Sandwich Lunch available

Friday 20th October

Soup and Sandwich Lunch & Evening Meal available

Soup and Sandwich Lunches

and Evening Meals must be booked ahead.



For more details or to book,
please contact the BOSS office
on 01397 700800





Children's Ceilidhs



Monday 16th October



Tuesday 17th October



7pm—9pm



In Caol Community Centre

Meals available from 5pm prior to
Ceilidhs but must be booked in
advance phone 01397700800

Lorg Solar Nàdair:



ann an co-bhann le
Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba
All of nature for all of Scotland
Nàdar air fad airson Alba air iad

Ar Càinig
Ar Ceòl



Tha Stòras-bìdh Nàdarra na h-Alba a' toirt cuireadh dhuibh tighinn còmhla ri Alasdair Mac an Tàilleir a lorg solar nàdair agus a dh'ionnsachadh mu dheidhinn planntais, fungasan agus dearcan a tha rim faotainn mun cuairt oirnn air feadh an àite.

A' fàgail bho Phàirc Chàraichean Chaisteal Inbhir Lòchaidh
DISATHIRNE 14mh Dàmhair

Event 1: 11.00-12.30: Thèid cuairt na maidne a chumail ann an Gàidhlig.

Event 2: 13.30-15.00: Thèid cuairt an fheasgair a chumail ann am Beurla & Gàidhlig.

AN-ASGAIDH ACH CLÀRADH RO-LÀIMH DEATAMACH.

www.foragingwalk1.eventbrite.co.uk & www.foragingwalk2.eventbrite.co.uk

AN ASGAIDH

Gaelic Foraging Walk:



in association with
Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba
All of nature for all of Scotland
Nàdair air faid aison Alba air fad

Ar Càinín
Ar Ceòl



Scotland's Natural Larder invite you to join foraging tutor Alasdair Taylor to learn about the edible plants, fungi and berries which can be found all around us.

**Leaving from Old Inverlochy Castle carpark
SATURDAY OCTOBER 14th**

Event 1: 11.00-12.30: Morning event conducted in Gaelic.

Event 2: 13.30-15.00: Afternoon event conducted bilingually.

FREE BUT PRE-BOOKING ESSENTIAL.

www.foragingwalk1.eventbrite.co.uk & www.foragingwalk2.eventbrite.co.uk

FREE

Mòdan Ionadail

Mòd Ionadail Ìle 2017 Islay Provincial Mod 2017



Mòd Ionadail Ìle

Although the date of our Provincial Mòd had changed this year from June to September, the sun still shone on all the competitors who made their way to Islay High School to take part. This year, we were lucky enough to have participants who travelled to Islay from the mid-Argyll area to compete in various competitions throughout the day.

The Islay Mòd committee were delighted this year to receive two new trophies donated by the family of Donald MacLeod. These beautiful trophies were awarded to the winners of a solo singing competition in which the competitors were asked to sing a prescribed song by an Islay composer.

Many of the adjudicators at the Mòd, commented on the particularly high standard of Gaelic on the island and all thoroughly enjoyed their day of listening to the talent on show.

The *An Comunn Gàidhealach Meur Ìle Committee* would like to thank all the people who helped to make this year's Mòd such a success. A heartfelt thanks must go to all the Mòd sponsors, the adjudicators, competition chairs, door stewards, office staff and the St John's Church catering team.

We would also like to thank all the competitors and their tutors for all their hard work and we would like to wish them all the best as they travel to the Royal National Mòd in Fort William later this year.

Suas leis a' Ghàidhlig.



Islay Provincial Mod

Ged a chaidh an ceann-latha airson Mòd Ionadail na bliadhna seo atharrachadh bhon Ògmhios chun t-Sultain, thàinig a' ghrian a-mach airson na farpaisich a rinn an slige gu Àrd-sgoil Ìle airson pàirt a ghabhail sna farpaisean. Bha sinn toilichte gun tàinig farpaisich à Earra-ghàidheal am-bliadhna airson pàirt a ghabhail anns na farpaisean thairis air an latha.

Bha Comataidh Mòd Ìle toilichte dà dhuais ùr fhaighinn mar chuimhneachan air Dòmhnull Macleòid. Chaidh na duaisean àlainn seo a thoirt seachad dha na farpaisich a bhuanach farpais seinn aon-neach, le bhith seinn òran ainmichte a bh' air a sgriobhadh le cuideigin à Ìle.

Bhruidhinn mòran de na britheamhan air cho àrd 's a tha iù na Gàidhlig air an eilein agus chòrd e riutha a bhith ag èisteach ris na tälantán a bh' aig na farpaisich.

Tha Comataidh Meur Ìle airson taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a chuidich airson dèanamh cinnteach gur e Mòd shoirbheachail a bh' ann. Taing mhòr dhan luchd-taic, na britheamhan, na cathraichean, stiùbhardan, luchd-obrach agus sgioba Eaglais Naoimh Eòin airson am biadh.

Bu mhath leinn cuideachd taing mhòr a thoirt dha na farpaisich agus an luchd-teagastg airson an obair mhòr a rinn iad agus tha sinn an dòchas gun tèid gu math dhaibh aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo anns a' Ghearsandan.

Suas leis a' Ghàidhlig.

Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

Mòd nan Stàitean Aonaichte Mòd USA 2017

Chaidh Mòd nan Stàitean Aonaichte a chumail air an deireadh sheachdain mu dheireadh den t-Sultainn, agus chuir muinntir nan Stàitean failte chrìdheil air Maighread Stiùbhairt agus Murchadh Dòmhnullach, na breitheamhan againn, agus air an dithis a ghlèidh Buinn Òr a' Chomuinn an-uirdh, Eachann MacKechnie agus Carol Niclleathain. Bha farpaisean ann airson bàrdachd, sgeulachdan, seinn càraig, seinn aon neach, seinn còisir, agus airson na farpais as mothà againn, Bonn Òr nan Stàitean. Bha comataidh a' Mhòid air leth toilichte gun robh iad air duais ùr fhaighinn airson farpais a' Bhuinn Òir, bràiste òr – an àite cuach.

Chuir Mòd nan Stàitean farpais ùr air bhonn am-bliadhna, seinn comh-pairteachaidh, agus bha trì chòmhlain a' strì san fharpais sin, airson a' chiad turas a-riamh aig a' Mhòd. Tha sinn an-dòchas gum bi barrachd agus barrachd farpaisich a' tighinn dhan fharpais sin anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

Anns a' phrìomh fharpais aig a' Mhòd, aig a' cheann thall, ghlèidh Seumas Ruff, à New York, an duais as àirde, am Bonn Òr, airson nam fear. Seo an dàrna turas a bha Seumas air strì anns a' Mhòd againn, agus tha e a' tighinn bho neart gu neart, a' toirt a chuid Gàidhlig agus an t-seinn aige air adhart, le cuideachadh agus comhairle bho na britheamhan a thig chun a' Mhòid. Meal an naidheachd air gu dearbh!

Thuirt cathraiche a' Mhòid, Mìcheal MacAoidh, "Tha sinn air leth toilichte gum faca sinn a-nis an deicheadh Mòd air fhichead, Mòd cho soirbheachail 's a bh'againn a-riamh, agus chunnaic sinn gu robh gach duine a ghabh páirt anns a' Mhòd dileas do'n chultur a tha air cùlaibh na Gàidhlig, a cheart cho math ris na h-òrain a bha iad a' seinn. Tha na farpaisich a' tighinn an seo, chan ann airson duaisean agus buannachadh a-mhàin, ach airson na th'aca den Ghàidhlig a leasachadh agus a neartachadh, agus as aonais farpaisich mar seo, chanainn, cha bhiodh am Mòd a leth cho math 's a tha e. Mar sin, tha comataidh a' Mhòid a' dèanamh soilleir do na breitheamhan a bhios againn, gu bheil sinn airson cuideam a chur air innse do na daoine anns gach farpais, dè mar a nì iad adhartachadh agus ceartachadh air na h-òrain, na sgeulachdan, agus na pìosan eile a th'aca. Tha Maighread agus Murchadh air seo a dhèanamh gu sàr-ìre, agus tha sinn nan comain gu mòr. Tha sinn cuideachd an comain A' Chomuinn Ghàidhealaich airson an taic a chuireas sibh thugann gach bliadhna."

The United States Mod took place on the last weekend in November and we were delighted to welcome Margaret Stewart and Murdo Macdonald as our adjudicators, as well as last year's Royal National Mod Gold Medallists, Hector MacEachen and Carol Maclean. We had poetry, storytelling, duet, solo and choir competitions, as well as our main award, the United States Gold Medal. The Mod Committee were delighted to receive a new Gold Medal for this competition, instead of a cuach.

We had a new competition this year, singing with accompaniment and we had three groups competing in this competition. We hope to see more competitors in this competition in the coming years.

It was James Ruff, from New York, who won the Male Gold Medal for this year's Mod. This was the second time James had taken part in our Mod and he has gone from strength to strength in improving his Gaelic and his singing. Many congratulations!

Michael Mackay, USA Mod Chairperson said "we were delighted that our 30th Mod was one of our most successful and we saw the dedication of the competitors to the Gaelic culture as well as to the songs they were singing. Our competitors take part not only to win prizes but also to improve their Gaelic and without competitors such as these, our Mod would not be so successful. We as a committee always encourage our adjudicators to advise our competitors on how they can improve their performances. Margaret and Murdo demonstrated this as adjudicators to a high standard and for that we are most grateful. We are also grateful to An Comunn Gàidhealach for their support each year.



Mod Loch Aillse

Monday, 2nd October 2017

at

Plockton High School & Hostel

(Piping competitions to be held separately)

Any queries should be addressed to the Mod Secretary:-

*Andrew Munro
c/o Plockton High School
Plockton
IV52 8TU*

*Tel. 01599 530800
e-mail andrew.munro@plocktonhigh.org.uk*

Office Bearers

Chair	Charles Smith
Secretary	Andrew Munro
Treasurer	Margaret Cameron



An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Nàiseanta Rioghail | The Royal National Mod

2018 MÒD DHÙN OMHAINN 12-20 DÀMHAIR | DUNOON 12-20 OCTOBER

2019 MÒD GLASCHU 11-19 DÀMHAIR | GLASGOW 11-19 OCTOBER

2020 MÒD INBHIR NIS 9-17 DÀMHAIR | INVERNESS 9-17 OCTOBER

Na Mòdan Ionadail | Provincial Mods

LEÒDHAS LEWIS

NA HEARADH HARRIS

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH

ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

SRUIGHLEA STIRLING

GLASCHU GLASGOW

CILLE BHRIÐHE AN EAR EAST KILBRIDE

INBHIR NIS INVERNESS

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS

AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE

ÌLE ISLAY

AN T-ÒBAN OBAN

UIBHIST UIST

NA DREÒLLUINN MULL

LOCH ABAR LOCHABER

BARRAIGH IS BHATARSAIL BARA

SIORRACHD PHEART IS AONGHAIS PERTHSHIRE & ANGUS

For Provincial Mod dates and more go online:
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282



Chaidh bratach Albannach a chur an àrd aig Taigh Bhaile an Athain bho chionn ghoirid airson ceanglaichean eachdraidheil is dualchas eadar An Comunn Gàidhealach agus Urras Nàiseanta na h-Alba a chomharrachadh.

A Saltire Ceremony took place at our Inverness office, Balnain House, recently to celebrate the historical & heritage links between [An Comunn Gàidhealach](#) and [The National Trust for Scotland](#).



the National Trust for Scotland
Urras Nàiseanta na h-Alba
a place for everyone àite don h-uile duine

Geàrr-Ghràmar na Gàidhlig

le
Richard A.V. Cox

Ged a bhios leabhraichean ùra air gràmar na Gàidhlig a' nochdadadh bho àm gu àm, 's e seo a' chiad leabhar làn-ghràmar a tha air tighinn a-mach bho chaidh *A Gaelic Grammar* le George Calder fhoillseachadh ann an 1923; bheir e cothrom don leughadair a bhith a' sgrùdadh a' chànan bho thaobh na Gàidhlig agus tron Ghàidhlig fhèin.

Ix + 452 dd. 2017
ISBN 978-0-9562490-0-5 còmhdaidh cruaidh £20.00

Clann Tuirc

foillsicbear sàr leababraichean

Geàrr-Ghràmar na Gàidhlig

by
Richard A.V. Cox

Although new books on Gaelic grammar appear from time to time, this is the first full grammar book that has appeared since George Calder's *A Gaelic Grammar* was published in 1923; it provides the reader with an opportunity of studying the language from the point of view of Gaelic and through the language itself.

Ix + 452 pp. 2017
ISBN 978-0-9562490-0-5 hard back £20.00



Furan

Seiseanan Oideachaidh a' Mhòid

Le ceithir seachdainean ri dhol gu Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar 2017, tha Ionad Gàidhlig Furan a' cuir air dòigh seisean oideachaidh airson a' Mhòd, eadar 4f agus 7f air Diardaoin 5mh den Dàmhair.

'S ann airson clann às a' bhun-sgoil agus an àrd-sgoil, a tha gu bhith a' gabhail pàirt ann am Mòd Nàiseanta na bliadhna-sa, a tha na seiseanan seo. Mar sin, ma tha sibh ag iarraidh beagan a bharrachd oideachadh airson a' chlann agaibh ann am bàrdachd, còmhradh, seanchas, is eile, feuch gun tadhail sibh ann am Furan air an latha sin.

Mod Tuition Drop-in Sessions

With four weeks to go until the Royal National Mòd Loch Abar 2017, Furan Gaelic Centre is running a Mod tuition drop-in session between 4pm and 7pm on Thursday 5th October.

The session is aimed at pupils in primary and secondary school who will be competing at this year's Royal National Mod. So, if you would like some extra tuition for your child/children, then please feel free to come along to Furan.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh bho: **Further information is available from:**

Duncan.MacNeil@argyll-bute.gov.uk
01631 567 886

Duncan.MacNeil@argyll-bute.gov.uk
01631 567 886





Fèis Litreachais Acair

Tha fàilte bhlàth oirbh uile gu feasgar air litreachais agus leughadh, a' comharrachadh 40 bliadhna de dh'fhoillseachadh bho Acair. Tha 'Fèis Litreachais Acair aig 40' a gabhail àite san Theatre Royal, Glaschu, air feasgar Diardaoin 5mh Dàmhair bho 1:30f. Bidh taisbeanadh ri fhaicinn, agus òraidean bho Marc Wringe, Flòraidh NicPhàil, Marion Nic na Ceàrdaich, Marie NicAmhlaidh agus Catriona Mhoireach, agus bùth-obrach air sgrìobhadh cruthachail bho Catriona Lexy Chaimbeul. Tha an tachartas seo saor an-asgaidh, agus bidh fàilte air a h-uile duine.

Acair's Literature Festival

All are welcome to join Acair in celebrating 40 years of publishing in Glasgow next week, on Thursday 5th October in the Theatre Royal, with doors opening at 1pm.



Alongside our great guest speakers, an exhibition with highlights from the past 40 years will also be on display. There's something for everyone! We hope to see you there!

Acair @ a' Mhòid

Bidh Acair aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Loch Abar am bliadhna 'sa! Dèan cinnteach gun lorg sibh iad airson bargin no dhà fhaighinn. Bidh iad ann an Àrd-sgoil Loch Abar air Diluain is Dimairt, agus anns an Nevis Centre an còrr den t-seachdain. Bidh Acair cuideachd a cuir dà leabhar ùr air bhog aig Latha Litreachais air Diciadain a' Mhòid; 'Cridhe Creige', cruinneachadh ùr bàrdachd bho Anna Frater, agus 'Granaidh Afraga', leabhar ùr chloinne bho Mòrag Anna NicNèill.

Acair @ the Mod

Acair will also be at the Royal National Mod this year! Be sure to come and see us to get a bargain or two. We will be based in Lochaber High School on Monday and Tuesday of Mod week and in the Nevis Centre for the rest of the week. Acair will also be launching two books at Latha Litreachais; 'Cridhe Creige' by Anne Frater and 'Granaidh Afraga' by Morag Anne MacNeill.




I'll Sing On by Gilbert McKinnon

'Se sgeulachd mu dheidhinn Catriona Nic Illeathain NicFhionghuinn a tha seo, sàr sheinneadair / neach-cluiche clàrsach a bha fuireach san t-Eilean Sgitheanach. Rugadh agus thogadh Catriona an Glaschu. Bha i an lùib còisirean an Glàschu ag èirigh suas agus choisinn i an aigeallan airgid aig aois 16.

Cheumnaich Catriona bhon RSAMD ann an clàrsach, pìana agus seinn. Shoirbhich i le bhith seinn aig Mòdan, Fèis Pan Cheilteach, aig a' BhBC agus iomadach àite eile. Chaidh i an uairsin dhan t-Eilean Sgitheanach far an robh i na stiùiriche os cionn Còisir an Ath Leathain anns na '70an, far an do choisinn iad duaisean aig a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. 'B e caraid dhith bh' ann an Sir Iain Noble agus chuidich i e le bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus le bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh cultar na Gàidhlig san Eilean Sgitheanach.

Bha Catriona gu math òg nuair a fhuair i an naidheachd dhuilich gu robh i le tinneas nach gabhadh slànanachadh. Ach, chùm i oirre ag obair le ceòl. Thàinig i gu Crìosda cuideachd agus rinn I oidhrip mhòr le bhith ag obair ann a bhith a' fighe creideamh agus ceòl còmhla na beatha.

Gheibhearr tuilleadh fiosrachadh mu bheatha Chatriona san leabhar inntinneach seo. Ma tha sibh airson leth-bhreac a cheannach, tadhlaibh air an làrach-lìn no cleachdaibh am foirm-òrdugh gu h-iosal.



Gilbert McKinnon was born and brought up on the Isle of Arran and lived on Skye in the 1980s.

I'll Sing On le Gillebride MacFhionghuinn

I'll Sing On is the story of Catriona Maclean Mackinnon, a gifted and successful singer/harpist who lived on Skye.

Catriona Maclean Mackinnon graduated from the Royal Scottish Academy of Music in harp, piano and voice. She sang successfully at Mòds, the Pan Celtic Festival and other venues including the BBC. Returning to family roots, she chose to live on Skye and enthusiastically revived the Broadford Gaelic Choir taking it to successes at the Mòd. She became a friend of Sir Iain Noble, and she helped to teach him Gaelic, while encouraging him in his project to promote the Gaelic culture on Skye.

Still a young wife and mother, she was diagnosed with the shocking news that she was suffering from a life-threatening illness. Showing impressive strength of character, she decided to press on with her commitment to music and her struggle for perfection.

In the midst of this, she unexpectedly found Christian faith and showed ongoing commitment in trying to reach an understanding of her faith and in determining how to live out that faith in the context of her music culture. Her many letters reveal her spiritual journey in those days.

Loved by many, she was an inspiration to others. As one of her friends said, "Somehow, she worried her way into your affection, like a little terrier. All the time, you knew that whatever mood she wore on the surface, underneath it all a deadly fight was going on. She never lowered the flag."

www.illsingon.co.uk

Please send me copies
of "I'll Sing On" Price £7.99

Title

Full Name

.....
Address

.....
Postcode

Email.....

Mail, with cheque payable to G. McKinnon, to:
"I'll Sing On", 16 Stanton Drive, Fleet, Hants. GU51 5EB

or purchase online at www.illsingon.co.uk

or email to info@illsingon.co.uk

The proceeds from this book go to support research at the University of Glasgow into the cure and early diagnosis of Hodgkin lymphoma.



Ro-innleachd Cultarach airson Alba

Thèid coinneamh phoblach a chumail anns a' Ghearasdan airson beachdan fhaighinn air Ro-innleachd Chultarach ùr na h-Alba. 'S e Bòrd na Gàidhlig a bhios a' cur na coinneimh seo air dòigh agus thèid a' choinneamh a chumail tro mheadhan na Gàidhlig le siostam eadar-theangachaидh mar-aon ann.

Cuin: Diluain 16 Dàmhair @ 2.30f Càite: Taigh-òsta Alexandra, An Gearasdan

A Culture Strategy for Scotland

Bòrd na Gàidhlig will be hosting a public consultation meeting in Fort William to seek the views of communities, artists and organisations with regard to the development of a new Culture Strategy for Scotland. The meeting will be held in Gaelic with simultaneous translation available.

When: Monday 16 October @ 2.30pm Where: Alexandra Hotel, Fort William

Fàilte oirbh uile | All welcome



Goireasan Ùra Gàidhlig airson Teaghlaichean air am Foillseachadh

Tha Bòrd na Gàidhlig air fàilte a chur air goireasan ùr Gàidhlig airson phàrantan agus clann òg a chaidh fhoillseachadh an-diugh (Diciadain 27 Sultain) aig 'An t-Alltan', Co-labhairt Nàiseanta airson Tidsearan Gàidhlig agus Luchd-obrach nan Tràth-bhliadhnaichean.

Chaidh a' cho-labhairt a chumail san Aghaidh Mhòir agus chuala na bha an làthair mu na goireasan ùr a chaidh a dhèanamh le Stòrlann a tha stèidhichte anns na h-Eileanan an Iar, le taic bho Riaghaltas na h-Alba.

Thuirt Marc MacDhòmhnaill, am Ministear airson Cùram-chloinne is nan Tràth-bhliadhnaichean: "Tha e na amas dhuinn gum faigh a h-uile pàiste is duine òg na cothroman as fheàrr as urrainnear tràth nam beatha agus mar phàirt de sin tha fios againn gu bheil e cudromach gum bi pàrantan a' cluich còmhla ris a' chloinn aca thoradh cuidichidh sin a' chlann le bhith ag ionnsachadh is a' dèanamh adhartas.

"Tha na goireasan a gheibhear le CluichBruidhinnLeugh, leithid gheamannan, òrain is beachdan airson ealain is cheàirdean, air an dealbh gus pàrantan a chuideachadh le bhith a' cluich còmhla ris a' chloinn aca agus tha e a' toirt toileachas mòr dhomh gu bheil na goireasan seo againn ann an Gàidhlig a-nis.

"Seo dòigh eile taic a thoirt do phàrantan a tha airson an cuid chloinne oideachadh sa chànan a b' fheàrr leotha agus cuidichidh e leis an iomairt gus suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba."

Tha Dòmhnull Uilleam MacGilleMhoire, Ceannard Stòrlann, cuideachd am measg na tha a' cur fàilte air na goireasan ùra.

Thuirt Mgr MacGilleMhoire: "Tha spòrs is fealla-dhà eadar pàrant is pàiste na thogail don chridhe agus tha na goireasan Gàidhlig aig CluichBruidhinnLeugh aig cridhe na cùise sin. Eadar pupaidean, rannan agus cleasan, cha bhi an gàire agus an toileachas fad' às. Tha Stòrlann air leth moiteil na goireasan tlachdmhor Gàidhlig seo a thoirt am follais. Giog ort!"

Thuirt Mona Wilson, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig: "Tha CluichBruidhinnLeugh a' toirt thugainn stòras math de ghoireasan mar gheamaichean, sgeulachdan, òrain agus ceàirdean agus tha sinn air leth toilichte gu bheil na goireasan seo a-nis rim faighinn tro Stòrlann agus tha sinn airson taing a thoirt don a h-uile buidheann a thug seo gu buil."

'S e An t-Alltan a' Cho-labhairt bhliadhnaile airson tidsearan Gàidhlig agus Luchd-obrach nan Tràth-bhliadhnaichean agus tha e a' dol air adhart san Aghaidh Mhòir an t-seachdain seo air 27mh agus 28mh Sultain le barrachd air 200 riochdairean bho air feadh Alba gu bhith an làthair.

New Gaelic Education Resources Launched at Teachers' Conference

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland responsible for Gaelic development, has welcomed the publication of a new range of Gaelic language materials which aim to encourage family play and interaction through the medium of Gaelic.

Materials from the Scottish Government's PlayTalkRead initiative have now been translated into Gaelic by Stòrlann, the national resource agency for Gaelic learning resources, and were launched today (Wed, Sept 27) at the An t-Alltan National Gaelic Teachers' conference in Aviemore.

Minister for Childcare and Early Years Mark McDonald said: "It is our ambition to give all children and young people the best possible start in life and we know that an important part of this is getting parents involved in playing alongside their children as a way of encouraging their learning and development.


"The resources available as part of PlayTalkRead, such as games, songs and craft ideas, are designed to help parents with this and I am very pleased that these are now available in Gaelic.

"This is another step towards helping to support parents who wish to educate their children in the language of their choice and ensuring that Gaelic has a sustainable future in Scotland."

Donald W Morrison, Chief Executive of Stòrlann said: "Interaction between parents and their children and which can at the same time provide fun and games is vitally important especially in the early formative years and Stòrlann is delighted to have been involved in the production of these new Gaelic language materials from PlayTalkRead."

Mona Wilson, Director of Gaelic Education with Bòrd na Gàidhlig also welcomed the PlayTalkRead resource saying: "PlayTalkRead provides a great resource of materials including games, stories, songs and craft ideas for use by parents and their children and we are delighted that these materials are to be made available in Gaelic through Stòrlann and we thank all parties involved which have made this possible."

An t-Alltan is the annual conference for Gaelic teachers and Early Years staff and takes place this year at the MacDonald Aviemore Conference Centre on 27 and 28 September with over 200 delegates from all over Scotland having registered to attend and take part in a broad range of workshops and seminars.





cluichbruidhinnleugh
Spòrs bhon chìad latha

Seall! Tha sinn #30latha de chluich

1 Thoir biadh	2 Cluich Giog Ort	3 Cluich anns a' phàirc	4 Seinn Cuibhlichean a' Bhus	5 Gàire mòr airson fèineag	6 Dèan gniomhan do Incy Wincy Spider	7 Coimhead airson plèan anns an adhar	8 Seinnibh còmhla
9 Sèid builgeanan	10 Bi ri spòrs anns an amar	11 Leum ann an lòn	12 Dèan lorg-läimhe le peant	13 Dèan splais ann am mias nan soithichean	14 Dèan dealbh le cruthan pasta	15 Rach a lorg ulaidh a-muigh	16 Cluich falach-flead
17 Dèan aodainn èibhinn san sgàthan an dèidh d'fhiadhan a għlanadha	18 Tog bothag le plangaidean is cluasagan	19 Dèan sgluis le taois-cluiche	20 Cuidich anns a' chidsin	21 Cluich le èididhean	22 Sgìoblaich do dhèideagan	23 Dèan crathadair ciùil le rus ann an tuba	24 Cuidich a' cur uisge air na lusan
25 Tadħali an-asgaidh air leabharlann son stöiridhean, òrain agus rannan aig Seisan Bookbug	26 Cuidich a' cur seachad nan gnothaichean bhon bhùth	27 Tarraing dealbh den bheathach as	28 Dèan an Hokey Cokey!	29 Lorg agus lean d'fhaileas	30 Tog tür le bogsaichean falalm agus	Seo do mhiosachan #30 latha de chluich. Airson gach latha tha sinn air gniomh a mholadh as urrainn dhut a dhèanamh cuide ris an leanabh a chuidicheas e gu bhith ag ionnsachadh, a' leasachadh agus a faighinn toiseach töiseachaidh math na bheatha.	
						Cluich agus co-roinn!	



Sgeama Sgrìobhadh Comadaidh Gàidhlig

Tha MG ALBA agus BBC Writersroom a' tighinn còmhla airson tàlant ùr a lorg dha prògram comadaidh Gàidhlig.

Ma tha sibh a' smaoineachadh gun toir sibh gàire air aodann saoghal na Gàidhlig, tha sinn airson cluinntinn bhuaibh. Tha an seòrsa prògram seo air a chruthachadh dha daoine eadar 18-34, le sgeidsichean goirid, èibhinn, deiseil airson nam meadhanan sòisealta.

Tha sinn airson an doras fhosgladh dha daoine tàlantach ann an comadaidh, gu h-àraidh daoine le Gàidhlig. Na gabh dragh ge-tà, faodaidh sibh fhathast pàirt a ghabhail mur a bheil Gàidhlig agaibh! (Coimheadaibh air na teirmichean is na cumhaicheadh airson barrachd fiosrachaide).

Chan eil cinnt ann am bi ur stuth air a thaghadh, ach ma bhios, gheibh sibh ur pàigheadh. Bidh na sgrìobhadairean as làidire a' faighinn cuireadh obrachadh còmhla ris an sgioba cruthachail.

Ma tha sibh airson a bhith nur pàirt den ath ghinealach de chomadaidh Gàidhlig, seo dhuibh an cothrom!

Dè a dh'fheumas sibh a chuir a-steach?

Feumaidh sibh feuchainn ri gàire a thoirt air a h-uile duine - tha sinn fosgalte ri rud sam bith a th' agaibh, bho fòcaideas gu neònachas, cho fad 's gu bheil e èibhinn! Tha cuid de rudan ann air am feum sinn smaoineachadh -

- Caractaran a dh'fhaodas a bhith ann an iomadh phrògram
- Na sgeidsichean a bhith freagarrach a bhith air an craoladhar sgarachdainn craolaidh.
- Tha sia cleasaichean againn a chluicheas iomadh phàirt: triùir bhoireannach agus triùir fhireannach
- Bidh am prògram air filmeadh eadar Glaschu agus na h-eileanan, ann an stiùdio agus a-muigh

Cuir na leanas thugainn:

- Dà sgeidse a tha 90 diog aig a' char as fhaide (1.5 duilleag)
- Dà smuain aon-loidhne
- Paragraf beag air ur n-obair gu ruige seo

Tha sinn fosgalte ri pòsan bho sgiobaidhean agus bho dhaoine fa-leth, agus com-pàirteachas eadar sgrìobhadairean Gàidhlig agus sgrìobhadairean aig nach eil Gàidhlig.

Air sgàth 's nach bruidhinn ar britheamhan gu lèir Gàidhlig, bhiodh e nas simplidh nam biodh an stiùireadh àrd-Ùrlar ann am Beurla, le eadar-theangachadh den chòmhradh Gàidhlig ann am Beurla cuideachd.

Tha teamplaид an seo airson ur cuideachadh.
Feumaidh ur sgeidsichean a bhith ann an aon PDF.

Dèanamh cinnteach nach eil ur n-ainm agus ur seòladh air gach pòs. Le seo, faodaidh sinn a bhith cothromach nuair a leughas sinn ur stuth.

Chan fhaod obair sam bith a chuireas sibh a-steach a bhith air a chleachdad, no air a chuir a-steach airson a chleachdad air Ùrlar poblach sam bith, eadar telebhisean, rèidio no air-loidhne.

Am measg nam britheamhan bidh:

- **Micheal Hines** (Àrd-Riochdaire/ Stiùiriche agus pàirt de sgioba *Still Game, Torcull's Guide to being a Gael, Dà Là san Dàmhair* is eile)
- **Uilleam MacLeod** (Ard-Choimiseanair, Riochdaire air *Ran Dan*)
- **Angela Galvin** (Riochdaire-Leasachaidh, BBC Writersroom Scotland)
- **Seonag Monk & Calum Mac Fhionghain** (Sgrìobhadairean air *Ran Dan, Gaol @Gael* is eile)

Ceann-latha dùnaidh: 4mh an Dàmhair 2017

Fios gu Crìochaicheadh: 30mh an Dàmhair gu 3mh an t-Samhain 2017

Cuiribh ur sgeidse a-steach an seo, mas e ur toil e



Gaelic Comedy Sketch Writing Initiative

MG Alba and **BBC Writersroom** have joined forces to launch a talent search to find the best comedy writers for a brand-new Gaelic sketch show.

We are looking for short, snappy and shareable sketches that are punchy, unruly and irreverent and aimed at an 18-34 audience.

We are keen to reach all new comedy talent and although primarily aimed at Gaelic speakers, this opportunity is open to non-Gaelic speakers too (more detail is available in the [Terms & Conditions](#)).

There is no guarantee of selection but writers will be paid for any idea or sketch that is shortlisted as suitable for filming. The strongest writers will then be invited to join the creative team.

So, if you're a writer looking to be a part of the next generation of Gaelic comedy then this may be the initiative for you.

What to Submit:

We don't want to limit your creativity so we're open to all styles and tones - from biting satire, to surreal weirdness to sight-gags and slapstick. But, we have some practical considerations to think on –

- We want strong, clear characters who are returnable.
- Sketches need to be suitable for a pre-watershed audience/time slot.
- We have a cast of 6 male/female actors who will play multiple roles.
- Locations will be a mix of studio and locations across rural and urban sites.

You will need to send us the following:

- 2 sketches that are each a maximum of 90 seconds long (1.5 pages roughly).
- 2 one-line ideas.
- Brief paragraph on career to date.

We are open to submissions from individuals and writing teams – including partnerships between Gaelic and non-Gaelic writers.

Stage directions could be in English with a speech-by-speech translation of all Gaelic dialogue into English.

A template is attached at the bottom of this page to give you a guide on lay-out for your submission.

All sketches, ideas and a brief paragraph on your career to date must be submitted as a single PDF format.

Please do not put your name and contact on the document you upload as all entries are read anonymously.

The work you submit must not have been previously commissioned, optioned or produced on any platform including TV, online or radio.

Judges on the panel will include:

Michael Hines (multiple award-winning comedy Producer/ Director and the creative force behind *Still Game*, *Torcui's Guide to being a Gael*, *Dà Là san Dàmhair* etc)

Bill Macleod (Commissioning Executive and in his misspent youth Producer/Director of *Ran Dan*)

Angela Galvin (Development Producer, BBC Writersroom Scotland)

Seonag Monk & Calum Mackinnon (Comedy writers – *Ran Dan*, *Gaol @Gael* etc)

Closing Date for Submissions: 4th October 2017

Finalists Notified: 30th October – 3rd November 2017

[Send your submission via the BBC Writersroom e-submissions system](#)

Julie Fowlis a' beachdachadh air cànan, ceòl agus cruth na tire ann an Òraid an t-Sabhal

'S i a' bhana-sheinneadair is neach-ciùil ainmeil, Julie Fowlis à Uibhist a Tuath, a thug seachad Òraid an t-Sabhal am-bliadhna leis an tiotal, 'Ceòl na h-Iarmailt'.

Thug Julie a h-òraid seachad, an 21mh Òraid an t-Sabhal, air Diardaoin 14mh an t-Sultain aig Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, far an do bhruidhinn i air mar as urrainn do cheòl, beul-aithris agus bàrdachd a bhith mar mheadhan gus an ceangal, no fiù 's an sgaradh, eadar daoine agus an tìr is an iarmailt a dhaingneachadh. Le bhith a' cnuasachd air an dàimh a th' ann eadar daoine is an àrainneachd tha i air a dhol an sàs ann am pròiseactan ùra, agus aon dhiubh sin le triùir luchd-ciùil eile à Éirinn agus sheinn is chluich Julie còmhla riutha mar phàirt den òraid aice.

A' bruidhinn air an òraid aice, thuirt Julie: "Chaidh iarraidh orm ann an 2015 le BBC Radio 4, cuide ri còignear sgrìobhadairean ciùil eile à Alba, Sasainn agus a' Chuimhrigh, pìos ciùil ùir a sgrìobhadh bonntaichte air an àrainneachd agus air an iarmailt. Chaidh iarraidh air an luchd-ciùil àrainneachd san sgire aca fhèin a thaghadh agus sgrùdadh a dhèanamh air ciamar a tha an iarmailt agus an tìr a' dol an coinneamh a chèile agus dè an coltas ciùil a bhiodh orra. 'S e fior fhosgladh sùla a bh' ann dhomh fhèin a thaobh iarmailt na Gàidhealtachd agus thug e orm beachdachadh air an dàimh eadar mi fhèin agus an àrainneachd anns a bheil mi a' fuireach agus ciamar as urrainn do cheòl, beul-aithris agus bàrdachd an ceangal - no fiù 's an sgaradh - eadar duine agus cruth na tire a dhaingneachadh.

"Mar thoradh air seo tha mi air barrachd rannsachaidh a dhèanamh air ceòl leithid pròiseact ioma-chuspaireil air sgeulachdan, òrain agus mapadh cultarail ann an sgìre Loch Nis agus am pròiseact com-pàirteach ùr, cuide ri Éamon Doorley, Zoë Conway agus John McIntyre, a tha ag amas air ceòl a chruthachadh a chuireamaid ri seann bhàrdachd agus nuadh-bhàrdachd na Gàidhlig."

Thuirt Prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig, an t-Ollamh Boyd Robasdàn: "Tha mi air leth toilichte gur e tè a bha na h-oileanach aig an t-Sabhal a bha a' liubhairt òraid na bliadhna seo. Tha Julie Fowlis air cliù a chosnadhl dhi fhèin mar sheinneadair agus neach-ciùil barraichte a tha air dualchas na Gàidhlig a thaisbeanadh do luchd-èisteachd air feadh an t-saoghal. Tha sinne moiteil aiste agus às an obair ionmholta a tha i a' dèanamh mar riochdaire is mar thosgaire ar cànain is ar cultair. Bha an òraid aig Julie eadar-dhealaichte bhon àbhaist leis gun robh i stèidhichte air ceòl is òrain is gun robh Julie agus a caraidean a' cluich agus a' seinn mar phàirt dhith. Tha Julie a' leantainn dithis bhoireannach ainmeil, Nicola Sturgeon agus Rita Izsák, ann a bhith a' liubhairt na h-òraid agus tha mise pròiseil gu bheil ban-Uibhisteach cho tàlantach air an aon rang riuthasan."

'S e seinneadair cliùiteach a th' ann an Julie Fowlis a tha air iomadh duais ciùil a chosnadhl. Tha a togail ann an Uibhist a Tuath air buaidh mhòr a thoirt air a cuid ciùil. Choisinn i àite air a' gheàrr-liosta airson 'Seinneadair Traidseanta na Blìadhna' aig Duaisean Ceòl Traidseanta BBC Radio 2 ann an 2015, agus 'An Neach-ciùil as Fheàrr' aig Duaisean Ciùil na Cruinne ann an 2015. Tha Julie air a cuid ciùil a thaisbeanadh air feadh an t-saoghal, eadar tallachan-baile na Gàidhealtachd agus an t-àrd-ùrlar ann an New York, Philharmonie de Paris agus An Taigh-chluiche Globe ann an Lunainn. O chionn ghoirid sheinn Julie aig a' Festival of Voice ann an Cardiff agus aig a' World Festival of Sacred Music ann am Fez, Morocco.

Tha Òraid an t-Sabhal air a bhith leantainn bho 1990 nuair a thug an Dr Seumas Mac an t-Sealgair seachad a' chiad òraid. Bhon uair

sin, tha leithid Máire Mhic Róibín, Ceann-Suidhe Poblachd na h-Eireann, Dòmhnull Mac an Deòir BPA, Priomh Mhiniestar na h-Alba, Ailig Salmond BPA, Priomh Mhiniestar na h-Alba, Gordon Brown BP, a bha na Sheansalair aig an àm, Jack MacConaill BPA, Priomh Mhiniestar na h-Alba, agus Nicola Sturgeon BPA, Priomh Mhiniestar na h-Alba, air an òraid a thoirt seachad.



Julie Fowlis delivering this year's Sabhal Mòr Ostaig annual lecture.



Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

Julie Fowlis considers language, music and the landscape in the SMO lecture

This year's Sabhal Mòr Ostaig Lecture was given by internationally-renowned Gaelic singer and musician Julie Fowlis from North Uist.

Julie, an Honorary Fellow and Alumni of the University of the Highlands and Islands, delivered the 21st SMO Lecture, titled 'Playing the Skyline', on Thursday 14 September at Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture on Skye, where she spoke of how music, story and poetry can strengthen people's sense of connection with, or at times separation from, the landscape. Her exploration of the relationship between people and their environment has led to new collaborative explorations, including one composition-led project and Julie was joined by the three other musicians involved for a musical performance which formed part of her lecture.

Speaking afterwards, Julie said: "In 2015 I was invited by BBC Radio 4, along with five other composers from Scotland, England and Wales, to compose a new piece of music which was inspired by a landscape and its skyline. The musicians involved were asked to take one landscape local to them and examine how the land meets the air and imagine how this might sound musically. This project opened my eyes to the mainland Highland skylines around me and forced me to consider my own relationship with the landscape in which I now live, and how music, story and poetry can reinforce one's sense of connection to - or indeed disconnect from - a physical landscape.

"This has led me to further musical exploration, including a multi-faceted project investigating local stories, song and cultural mapping around Loch Ness and to this new collaborative project, with Eamon Doorley, Zoë Conway and John McIntyre, aimed at creating new music for existing Gaelic poetry, old and new."

Sabhal Mòr Ostaig's Principal, Professor Boyd Robertson, said: "I am delighted that this year's lecture was delivered by a former Sabhal Mòr student. Julie Fowlis has won acclaim as a singer and musician par excellence and has showcased her Gaelic heritage to audiences worldwide. We are proud of her and of the sterling work she does as a representative of, and ambassador for, our language and culture. Julie's lecture was rather different from previous lectures in that, not only did it focus on music and song, but also involved Julie and friends playing and singing by way of illustrating her talk. Julie has followed in the footsteps of two celebrated women, Nicola Sturgeon and Rita Izsák, in delivering the SMO lecture and it is a particular delight for me that such a talented native of Uist has joined their number."

Julie Fowlis is a multi-award winning singer who is deeply influenced by her early upbringing in North Uist. Nominated as 'Folk Singer of the Year' at the 2015 BBC Radio 2 Folk Awards, and 'Best Artist' at the Songlines World Music Awards 2015, Julie has graced stages around the world: from village halls in the Highlands to stages in New York, The Philharmonie de Paris and Shakespeare's Globe in London. Recent performances have included the world-class Festival of Voice in Cardiff and the World Festival of Sacred Music in Fez, Morocco.

The Sabhal Mòr Ostaig Lecture began in 1990 when Dr James Hunter gave the inaugural talk. Since then a string of high-profile guests have travelled to SMO to deliver the lecture, including Irish President Mary Robinson, Donald Dewar MSP, First Minister of Scotland, Alex Salmond MSP, First Minister of Scotland, Gordon Brown MP (the then-Chancellor), Jack McConnell MSP, First Minister of Scotland and Nicola Sturgeon MSP, First Minister of Scotland.



Julie Fowlis, Éamon Doorley, Zoë Conway
and John McIntyre



Dà Chom-pàirteachais ùr aig Sabhal Mòr Ostaig

Chuir Sabhal Mòr Ostaig, An t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig san Eilean Sgitheanach, aonta ri dà Aonta Co-Obrachaidh ùr o chionn ghoirid, aon dhiubh le Urras Taigh Chearsabhagh ann an Uibhist a Tuath agus fear eile le Colaisde na Gàidhlig ann an Ceap Breatann, Canada.

Tha Sue Fogden, Cathraiche Urras Taigh Chearsabhagh, agus Boyd Robasdan, Prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig, air làmh a chur ri Aonta Co-Obrachaidh gus Gàidhlig a thoirt air adhart an lùib obair Taigh Chearsabhagh, an taigh-tasgaidh is ionad-ealain ann an Loch nam Madadh.

Thuirt an t-Ollamh Boyd Robasdan: "Tha dlùth cheangal eachdraidheil eadar Uibhist a Tuath agus Slèite tro Chlann Dòmhnaill agus tha an t-Aonta Co-obrachaidh seo a' toirt cothrom dhan dà sgìre dàimh ùr a thogail eatorra. Mar Ionad Nàiseanta na Gàidhlig, tha e mar dhleastanas oirnn a bhith a' frithealadh iarrtasan choimhearsnachdan air feadh na dùthcha agus a bhith ruith chlasaichean is chùrsaichean far a bheil daoine gan iarraidh. Mar sin, bha sinn ro dheònach gabhail ri iarrtas bho Thaigh Chearsabhagh clas do luchd-ionnsachaидh a chur air chois san ionad agus tha e na thoileachas gu bheil a' bhuidheann sin a-nis air Cùrsa Inntrigidh an t-Sabhal a chriochnachadh gu soirbheachail. Tha sinn an dùil na cothroman ionnsachaидh sin an Uibhist a leudachadh mar phàirt dhen Aonta seo agus bidh sinn cuideachd a' toirt taic do Thaigh Chearsabhagh a thaobh rianachd ionmhais, leasachadh càinain, na h-ealain agus obair a' Chomainn Eachdraidh."

Às dèidh dhi làmh a chur ris an Aonta thuirt Sue Fogden: "Tha Taigh Chearsabhagh fior thoilichte gu bheil sinn air ar com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig a dhaingneachadh tron Aonta seo agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' togail air ar prògram de dh'obair agus sinn a' cur cànan is dualchas na Gàidhlig air adhart, dualchas às a bheil sinn glè mhoiteil. Coltach ris an Eilean Sgitheanach, tha a' Ghàidhlig na pàirt mòr den choimhearsnachd agus den chultar againn ann an Uibhist agus cuidichidh an com-pàirteachas seo le bhith a' gleidheadh a' càinain agus gach buannachd a thig bho dà-chànanas, agus le bhith a' cur dion air beartas dualchas nan Gàidheal san eilean. Tha a h-uile duine aig Taigh Chearsabhagh a' dèanamh fiughair mhòr ri bhith a' togail air an obair chom-pàirteachaidh seo le Sabhal Mòr Ostaig."

Chuir Leas-phrionnsapal agus Stiùiriche an Fhoghlaim aig Sabhal Mòr Ostaig, Iain Tormod MacLeòid, a làmh ri Aonta Co-Obrachaidh eadar Colaisde na Gàidhlig agus Sabhal Mòr Ostaig nuair a fhritheil e co-labhairt ann an Ceap Breatann o chionn ghoirid. Leis an Aonta tha an dà cholais a' cur romhpa a bhith ag obair còmhla gus cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig a thoirt air adhart. Thathar an dòchas cothroman a chomharrachadh gus: cur ris an fhoghlam Ghàidhlig a tha an dà ionad a' toirt seachad; taic a thoirt do cho-obrachadh, turasan agus iomlaid eadar na colaislean; agus gus tachartasan cultarach Gàidhlig a chur air dòigh agus eòlas a cho-roinn a thaobh beul-aithris, ceòl agus nan ealain.

Chaidh 'A' Ceangal nan Gàidheal', co-labhairt eadar-nàiseanta, a chumail ann an Colaisde na Gàidhlig san Iuchar. B'e sin a' chiad

chruinneachadh dhe a leithid ann an Canada a bha a' toirt Ghàidhealtachdan bho Alba, Èirinn agus Alba Nuadh còmhla, agus bha buidhean agus daoine an làthair a tha an sàs ann an adhartachadh chànanan, leasachadh na h-eaconamaidh agus ann an cùisean cultarach sna sgirean Gàidhlig air gach taobh den Chuan Siar.

Thuirt Stiùiriche an Fhoghlaim aig Sabhal Mòr Ostaig, Iain Tormod MacLeòid: "Tha e air leth freagarrach gu bheil Sabhal Mòr Ostaig agus Colaisde na Gàidhlig a' cur air adhart an Aonta Co-Obrachaidh seo, thoradh tha e a' neartachadh nan ceanglaichean daingean a th' ann a-cheana agus tha e na chomharra air cho cudromach 's a tha na ceanglaichean sin. Tha an t-Aonta Co-Obrachaidh seo a' toirt chothroman dhuinn a bhith a' togail air a' cho-obrachadh eadarainn agus a bhith a' cur iomairtean an sàs a bheir cànan is cultar na Gàidhlig air adhart ann an Alba agus Alba Nuadh."



Boyd Robasdan, Prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig agus Sue Fogden,
Cathraiche Urras Taigh Chearsabhagh



**SABHAL
MÒR OSTAIG**
Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

Sabhal Mòr Ostaig Signs New Partnership

Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture on the Isle of Skye, has recently signed two separate memoranda of understanding, one with the Taigh Chearsabhagh Trust in North Uist and the other with Colaisde na Gàidhlig in Cape Breton, Canada.

Sue Fogden, Chairperson of the Taigh Chearsabhagh Trust and Boyd Robertson College Principal of Sabhal Mòr Ostaig have signed an MOU to develop Gaelic language activity in the operations of Taigh Chearsabhagh museum and arts centre in Lochmaddy.

Professor Boyd Robertson, said “North Uist and Sleat were historically linked through Clan Donald and this MOU affords the two communities an opportunity to forge a new association. As the National Centre for Gaelic language and culture, it is incumbent upon us to meet the needs of communities throughout the country and to run classes and courses wherever there is a demand. We were, therefore, more than happy to accede to a request from Taigh Chearsabhagh to establish a learners’ class in the centre and it is very pleasing that this group has now successfully completed our beginners’ course, An Cùrsa Inntrigidh. We intend to extend these learning opportunities in Uist as part of this MOU and we shall also be offering Taigh Chearsabhagh support in terms of financial management, language development, the arts and the work of the local history association.”

Sue Fogden commented after the event, “Taigh Chearsabhagh is delighted to have formalised its collaboration with Sabhal Mòr Ostaig and is looking forward to consolidating its programme to showcase the Gaelic language and heritage as a culture to be proud of. Just as on Skye, the Uists have a thriving Gaelic scene but the partnership will enhance the sustainability of the benefits of bilingualism, the treasure chest of oral history and local culture. Everyone at Taigh Chearsabhagh is greatly enthused and motivated in anticipation of the development of our partnership with Sabhal Mòr Ostaig.”

On a recent visit to Cape Breton, Director of Studies at Sabhal Mòr Ostaig, John Norman MacLeod, signed a Memorandum of Understanding between Colaisde na Gàidhlig and Sabhal Mòr Ostaig which commits both partners to work together to develop and foster collaboration between the institutions in the furtherance and enhancement of the Gaelic language, culture and heritage. They hope to explore options for extending Gaelic educational provision; supporting collaborative visits and exchanges; promoting Gaelic cultural events and knowledge exchange in areas such as oral heritage, music and the performing arts.

A' Ceangal nan Gàidheal ("Linking of the Gaels"), an international summit was held at the Gaelic college in Cape Breton in July. This was the first meeting of its kind in Canada which brought together groups and representatives/delegates who are involved in developing language, culture and economy in the Gaelic diaspora.

John Norman MacLeod, Director of Studies at Sabhal Mòr Ostaig said "It is highly significant and appropriate that Sabhal Mòr

Ostaig and Colaisde na Gàidhlig should enter into this formal agreement having already established strong collaborative links in the past. This MOU provides shared opportunities to build on common interests and to engage in initiatives to further enhance the Gaelic language and culture, both in Scotland and in Nova Scotia."



John N. MacLeod - Vice Principal of Sabhal Mòr Ostaig and Honourable Rodney MacDonald, CEO Colaisde na Gàidhlig



Bookbug Sessions

Free story, song and rhyme sessions for babies, toddlers, pre-school children and their families

Furan Bookbug - Gaelic Sessions

Saturdays at 10.30am

Furan Gaelic Centre, Corran Halls

Learn Gaelic with your child in a fun, informal way through action songs, rhymes and stories

For further details please contact:

Duncan MacNeil – 01631 567 886

To find details of your nearest Bookbug Session, please visit scottishbooktrust.com/bookbug





Furan



Cearcall Còmhraidh

Gaelic Conversation Group

(A relaxed, informal conversation group for adults with all Gaelic abilities)

Gach Disathairne/Each Saturday

12pm – 1.30pm

Furan Gaelic Centre, Corran Halls, Oban

FREE

For more information, please call:

01631 567 886

or e-mail:

Duncan.Macneil@argyll-bute.gov.uk

Furan

Ionad Gàidhlig An Òbain

Oban Gaelic Centre

Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid



**Tha buidheann leasachaidh Mòd Glaschu 2019 a' cuir fàilte oirbh uile chun
a' chiad chèilidh againn aig Sgoil Ghàidhlig Glaschu.**

**Mòd Glaschu 2019 committee invite you to their first fund raising ceilidh
at Sgoil Ghàidhlig Glaschu.**

**The evening will feature Gold medallists and city choirs plus talent from the
Glasgow area, and will be supported by the foot tapping Gunna Sound.**

The event is BYOB and all ages are welcome.

Tickets £10

**All tickets available to book via modglaschu2019@gmail.com
(which we recommend you do!) and also via the local organising committee.**

We hope to have a handful available on the door as well.

Chì sinn ann sibh!



Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus cluicheadairean traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-chùram eadar-dhealaichte. Chìthean gu h-lòsal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.



<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



Sgrìobhadair Ciùil Òigridh 2017 le Comunn na Clàrsach

Young Composer Award 2017 – Call for Entries

The Young Composer Award is an annual competition based award issued by The Clarsach Society.

Tha Comunn na Clàrsach a' cumail farpais airson Sgrìobhadair Ciùil Òigridh. Tha cothrom aig neach-sgrìobhaidh ciùil a tha eadar 16-25 bliadhna a dh'aois, pìos ciùil a chur a-steach thugainn, a bhios eadar 10 agus 15 mionaid.

Composers aged between 16 & 25 years of age are invited to present an original piece of music lasting no longer than 15 and no less than 10 minutes, suitable for:

- a) Solo Clarsach/Non-pedal harp
- b) Clarsach/Non-pedal harp and up to 3 other instruments and/or voices

Gheibh an neach-sgrìobhaidh duais £500 agus thèid am pìos-sgrìobhaidh aca a chluich aig an 37mh Fèis Eadar-nàiseanta Clàrsach ann an 2018.

The award is £500 plus a premiere performance at the 37th Edinburgh International Harp Festival in 2018.

Feumar cuir a-steach airson an fharpais seo ro 30 Samhain 2017. The deadline for the 2017 Award is 30th November 2017

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh an seo / You can read the guidelines and apply [here](#).

Leugh aithisg le Rachel Groves a choisinn an duais ann an 2016.

Read a report from Rachel Groves, winner of the 2016 Award [here](#).





Fèis Rois nan Deugairean 2017

Diluain 9mh - Dihaoine 13mh Dàmhair, Ulapul

Cuiribh àite air dòigh an dràsta airson pàirt a ghabhail ann an Fèis Rois nan Deugairean. Chan fheumar a bhith fuireachd ann an sgìre Rois is Chrombaidh airson pàirt a ghabhail—'se seachdain làn ceòl thraigheanta agus bùthan-obrach a tha seo agus tha e fosgalte dhan a h-uile duine. Bidh cothrom agaibh aon bhùth-obrach a thaghadh airson a'mhadainn agus fear eile feasgair.

Tha tachartasan Fèis Rois spòrsail agus càirdeil agus tha sinn airson bh'ur cuideachadh leis bh'ur cluich agus airson tuilleadh misneachd a thoirt dhuibh agus airson gun ionnsaich sibh barrachd mu chàin agus cultar na Gàidhlig.

Tha fàilte air duine sam bith, fiùs mur a bheil sibh air cluich roimhe seo no ma tha sibh eòlach ann a bhith a' cluich agus a' seinn. Chan fheum sibh a bhith eòlach air a bhith a' leughadh ceòl agus chan fheum eòlas a bhith agaibh ann an ceòl thraigheanta a bharrachd—tha fàilte chridheil oirbh uile. Gheibhearr taic bhon luchd-teagast againn. Bidh cothrom ann cluich mar phàirt de bhuidhean, bidh obair còmhlain na phàirt mhòr de Fèis nan Deugairean.

Tha an luchd-teagast againn proifeasanta agus eòlach ann a bhith ag obair le òigridh. Bidh sgioba ann a' toirt taic gu saor-thoileach fad na seachdain cuideachd.

Tha tuilleadh fiosrachadh ri fhaighinn aig www.feisrois.org.

Tha sinn an dòchas gun tig sibh còmhla rinn!



Fèis Rois nan Deugairean - The Senior Fèis 2017

Monday 9th - Friday 13th October, Ullapool

Book now for our annual residential music course for young people of secondary school age. You don't need to be resident in Ross & Cromarty – this is a fun week packed with traditional music workshops for everyone. Choose one workshop for the mornings and another for the afternoons. Fèis Rois events are fun and friendly and we want to help you improve your playing, grow in confidence and learn more about the Gaelic language and culture.

Beginners are welcome at all of our events, and those who already play an instrument or sing will also find the experience rewarding. We aim to cater for all abilities, right up to accomplished musicians and singers. You don't need to be able to read music and you don't need to have any previous knowledge of traditional music to enjoy a Fèis. Workshops are taught by ear with participants learning tunes and songs a phrase at a time. Tutors will give you the sheet music to take home. There is an emphasis on groupwork at the Senior Fèis and all participants have the opportunity to play as part of an ensemble.

All of our tutors are experienced, professional musicians, skilled in working with young people. We also have a pool of supervisors and volunteers who help our events run smoothly. Children are supervised at all times and we work in accordance with Child Protection and Health & Safety Guidelines. Our contracted staff and volunteers have all completed Disclosure Scotland applications.

The music tuition is based in Ullapool High School and the residential accommodation is based at various hotels and B+Bs in Ullapool. Our experienced tutors and supervisors work closely together to ensure the young people have a valuable learning and sociable experience.

Fèis Rois is fortunate to secure public funding to support our events (real costs are shown below in italics).

£325 (£466) - Residential

£275 (£466) - Second and subsequent siblings

£185 (£292) - Non-residential

Visit www.feisrois.org and look for Senior Fèis for more information and to book.



An robhar a-riamh tro chèile mu mhìneachadh ainm-àite air soidhne dà-chànanach, air neo tùs an ainm? Nan robh, tha am freagairt ri làimh. Chaidh an làrach-lìn ùr aig Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA), an compàirteachas comhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite Gàidhlig an Alba, a chur air bhog na bu traithe air a' mhìos seo.

A' leantainn taic-airgid de £7,100 bho Riaghaltas na h-Alba, tha an làrach-lìn ùr a' gabhail a-steach an stòr-data cliùiteach aig AÀA, a tha ri fhaotainn an-asgaidh. Bidh an stòr-dàta a' tabhann riochdan deimhinnt a dh'fhaodas ùghdarrasan ionadail, na meadhanan, luchd-rannsachaidh, coimhearsnachdan ionadail, luchd-coiseachd is luchd-streip no duine sam bith le ùidh ann an ainmean-àite Gàidhlig, a chealachdad. Tha fiosrachadh eachdraidheil, tùsan ionadail agus faidhlichean-fuaim gus cuideachadh le fuaimneachadh cuideachd rim faotainn san stòr-dàta.

Thuirt Roy Pedersen, Cathraiche AÀA: "Rinn an dithis luchd-obrach aig AÀA, Eilidh Sgaimel is Jake King, agus Vanessa Lopez is Chris Mitchell bho Lumberjack Digital an t-uabhas obair ann a bhith cruthachadh an goireas air-loidhne fa-leth seo. Tha mi gu mòr gam moladh airson ga chur ri chèile ann an dòigh èifeachdach. Taing mhòr gu Riaghaltas na h-Alba a thug seachad taic-airgid airson a' phròiseict nuair a bha sinn a' strì gus an ionmhas a bha a dhith a lorg. Tha an uidhir le ùidh ann an ainmean-àite agus a' Ghàidhlig a sìor fhàs, gu sònraichte luchd-tadhail bho air feadh an t-saoghail a fhuair spionadh bhon phrògram 'Outlander'. Tha mi cint às gum faigh iad tòrr às an làraich-lìn ùr, ach tha mi 'n dòchas gum bi e a' tarraing luchd-cleachdaidh nas farsaing dhan taobh inntinneach seo de chultar is dhualchas Alba.

A' cur fàilte air cur air bhog an làrach-lìn ùr thuirt an Leas Phrìomh Mhìnistear John Swinney: "Tha sinn glè thoilichte gun robh an cothrom againn taic a thoirt dhan làrach-lin ùr seo, a bhios na goireas feumail airson mòran dhaoine mar phrìomh thùs airson ainmean-àite Gàidhlig.

"Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na phàirt chudromach de dhualchas, de dhearbh-aithne nàiseanta agus de bheatha chultarail na h-Alba san latha an-diugh, agus tha sinn a' cur fàilte air iomairtean den leithid a chumas taic ri suidheachadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil, a' cuideachadh gus a cumail seasmhach san àm ri teachd."

Gheibh luchd-cleachdaidh greim air faidhlean PDF luachmhor de dh'ainmean-àite, goireasan rannsachaidh, agus mapa didseatach a' cleachdach a' bhathar-bhog fosgalte aig an Suirbhidh Òrdanais.

Thuirt Oifigear Gàidhlig, streapadair is neach-cleachdaidh AÀA, Janni Diez, a tha stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig, a' cholais Gàidhlig san Eilean Sgitheanach: "S e goireas air leth a th' anns an làrach-lìn ùr, agus tha e a-nis fiù 's nas phasa tuilleadh fhaighinn a-mach mu ainmean-àite. Is fior thoil leam mar a tha mapa ann a ghabhas sgrùdadh airson ainmean, agus mar a gheibhearn comharrach-clèithe le bhith a' bruthadh air."

Ever wondered what the Gaelic name on that bi-lingual road sign means, or what its origin is? If so, the answer is at hand. The new website for Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA), the national advisory partnership for Gaelic place-names in Scotland, was launched today earlier this month.

Following support of £7,100 from the Scottish Government, the new website includes AÀA's renowned database of Gaelic place-names which may be accessed free of charge. The database offers definitive forms which can be used by local authorities, the media, researchers, local communities, walkers and climbers or anyone with an interest in place-names. The database includes historical information, local sources and sound files to help with pronunciation.

Roy Pedersen, Chair of AÀA said: "AÀA's two members of staff, Eilidh Scammell and Jake King, and Vanessa Lopez and Chris Mitchell from Lumberjack Digital have put in a power of work to create this ingenious on-line lexicon. I praise them for their efforts in pulling the whole thing together in a very cost effective manner. Many thanks are also due to the Scottish Government who provided funding for the project at a time when we were struggling to access the necessary financial resources. There is a growing body of people with an interest in place-names and in Gaelic, not least those worldwide visitors inspired by the "Outlander" series. I am sure that they will find the new website invaluable, but I hope that it may also draw in a wider public to this fascinating aspect of Scotland's rich cultural heritage."

Welcoming the launch of the new website Deputy First Minister John Swinney said: "We are very pleased to be able to support this new website, which will be a valuable resource for many people by providing a central point of reference for Gaelic place-names.

"The Scottish Government recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and current cultural life and we welcome initiatives such as this which strengthen the position of Gaelic within everyday life, helping to ensure it has a sustainable future."

Users also have access to valuable place-name PDF downloads, research resources and an interactive map provided the Ordnance Survey's open source map.

Gaelic Officer, hill walker and frequent AÀA user, Janni Diez, based at Skye's Gaelic college Sabhal Mòr Ostaig said: "The new website is a fantastic resource and it is now even easier to find out more about place-names. I love how you can now search the map for place-names and find grid references with one click."



Brot is Òran (Soup 'n' Song)

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Urras Fèis Dhùn Deagh, tha sàr-phrògram de chuirmean aig àm lòn thairis air na mìosan a tha romhainn ann an Talla Marryat le ceòl agus òrain Ghàidhlig.

With the support of Bòrd na Gàidhlig and Dundee Festival Trust, there is a great programme of Gaelic Lunchtime Concerts in the Marryat Hall over the next few months as an introduction to Gaelic Music and Song.

Prògram:

Latha na Sàbaid 1 Dàmhair / Sunday 1 October 2017 2pm - 3pm

Emily Mitchell and Christopher Baxter

Latha na Sàbaid 12 Samhain / Sunday 12 November 2017 2pm - 3pm

Norrie MacIver and Mhairi Marwick

Disathairne 9 Dùblachd / Saturday 9 December 2017 2pm - 3pm

Ainsley Hamill and Alistair Paterson

Latha na Sàbaid 28 Faoilleach / Sunday 28 January 2018 2pm – 3pm

Mary McInroy

Latha na Sàbaid 4 Gearran / Sunday 4 February 2018 2pm – 3pm

Artist tbc

Latha na Sàbaid 25 Gearran / Sunday 25 February 2018 2pm – 3pm **Dundee Gaelic Choir**

Ticeadan / Ticket price £5 (a' gabhail a-steach rola agus brot / which includes soup and a roll

Cuirm aig 2f, brot aig 1.30f / Concert at 2pm, soup served at 1.30pm.

Online transaction fee £2, postage charges may apply.



Emily Mitchell is a classical singer, who sings a lot of Gaelic and Scots song. Born into a musical family, Scottish soprano Emily was submersed in music from an early age. She began her formal classical training at the RSAMD (now Royal Conservatoire of Scotland). She is a Live Music Now! artist and a regular performer with Scottish Opera.



Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2017

Loch Abar

13-21 Dàmhair

Chì sinn ann sibh!



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

